



NatureScot
NàdarAlba

Scotland's Nature Agency
Buidheann Nàdair na h-Alba

**Pàirc Nàiseanta ùr –
comhairle do
Mhinistearan
na h-Alba**
5 Cèitean 2025

Geàrr-iomradh

San Iuchar 2024, chaidh iarraidh air NàdarAlba le Ministearan na h-Alba fo Earrann 3 ann an Achd nam Pàircean Nàiseanta (Alba) 2020 sgrùdadh a dhèanamh air a' bheachd airson Pàirc Nàiseanta Ghall-Ghàidhealaibh. Tha an aithisg seo a' toirt am follais toraidhean na h-obrach seo agus nan co-dhùnaidhean air a' bheachd a tha sinn air ruighinn mar Bhuidheann-Aithisg. Airson soilleireachd eadar na dreuchdan againn a chumail, tha sinn air a' chomhairle againn mar bhuidheann-chomhairleachaidh air dualchas nàdarra a chur ann an litir fa leth.

Toraidhean na co-chomhairleachaidh

Tha seo am measg nan co-chomhairleachaidhean as motha 's as dùbhланаiche a tha NàdarAlba air dèanamh. Tha sinn air a h-uile oidhirp a dhèanamh airson aire dhaoine a tharraing dhan bheachd agus cothroman a thoirt dhan a h-uile duine aig a bheil ùidh ann an cuid bharailean a chur an cèill. Tha i air deagh chleachdadh a thaobh co-chomhairleachadh phoblach a leantainn agus thathar air feuchainn ri bhith cho cothromach, com-pàirteachd 's co-ionann 's a b' urrainn san ùine a bh' ann. Cho math ri suirbhidh na co-chomhairleachaidh fhèin, am measg a' chonaltraidh againn air a' chùis bha làr-ionad (hub) fiosrachaidh air loidhne agus chaidh bileagan a sgaoileadh gu 52,000 seòladh, cuide ri coinneamhan 's tachartasan còmhla ri coimhearsnachdan ionadail, buidhnean-ùidhe, gnìomhachasan, uachdaranan-fearainn agus manaidsearan fearainn.

Bha na prìomh chuspairean a dh'èirich bhon cho-chomhairleachadh 's a chuir taic ris a' bheachd airson Pàirce Nàiseanta bonntaichte air an obair-ghnìomha a bharrachd a bhiodh ann airson dualchas nàdarra 's cultarach na sgìre a dhìon 's a leigheis; an fharsaingeachd de bhuanachdan eaconamach 's sòisealta a dh'fhaodadh tighinn na lùib, an guth làidir às an àite fhèin a bhiodh ann nuair a bhiodh co-dhùnaidhean gan ruighinn; agus an deagh aithne a bhiodh ann dhan sgìre seo de dh'Alba.

Air an làimh eile, bha na h-argamaidean an aghaidh a' bheachd airson Pàirce Nàiseanta bonntaichte air an droch bhuaidh eaconamach a dh'fhaodadh inbhe Pàirce Nàiseanta a thoirt air roinn an àiteachais, na coilltearachd 's a' chumhachd ath-nuadhachail; iomagain a thaobh tuilleadh 's a' chòrr turasachd; a' bhuaidh air bun-structar 's seirbheisean an àite; agus draghan a thaobh cho freagarrach 's a tha Pàirc Nàiseanta mar fhuasgladh dhan sgìre.

Prionnsabal na Pàirce Nàiseanta agus roghainnean eile

Mar Bhuidheann-Aithisg, tha am measadh 's am mion-sgrùdadh againn air a' chùis, agus air an roghainn de bheachdan a fhuair sinn tron cho-chomhairleachadh, a' cur an cèill nach eil am beachd air taic gu leòr fhaighinn san sgìre airson a dhol air adhart leis.

Mar sin 's e am moladh againn mar Bhuidheann-Aithisg gun a dhol air adhart leis an ainmeachadh ach, na àite, gun tèid sreath de rianan a th' ann mar-thà a neartachadh, a' gabhail a-steach gun tèid goireasan nas fheàrr agus cumhachd a bharrachd a thoirt do Theàrmann Bith-Chruinne Shiorrachd Inbhir Àir a Deas 's Ghall-Ghàidhealaibh, fòcas às ùr a chur daoine 's nàdar

cuide ri obair na coilltearachd coimeirsealta ann am Pàirc Choille Ghall-Ghàidhealaibh, agus dleastanas ùr airson ro-innleachdan stiùiridh a chur an gnìomh dha na trì Roinnean Seallaidheach Nàiseanta.

Rianan dhan Phàirc Nàiseanta a th' ann am beachd

Mar phàirt den dreuchd againn mar bhuidheann-aithisg, chaidh iarraidh oirnn rianan mionaideach na Pàirce Nàiseanta a dhealbhadh do Mhinistearan na h-Alba a sgrùdadh mas e 's gun rachadh iad air adhart le dreachd òrdugh ainmeachaidh ullachadh airson a' Phàirc Nàiseanta a stèidheachadh agus co-chomhairleachadh a chumail air. Tha seo a' gabhail a-steach nam puingean a leanas air a bheil mion-fhiosrachadh ann an Earrann 4 den aithisg:

- Sgìre na Pàirce Nàiseanta
- Cumhachdan 's dreuchd aig Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta
- Riaghlachas aig Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta
- Ainm na Pàirce Nàiseanta.

NàdarAlba
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis, IV3 8NW

www.nature.scot

Air fhoillseachadh: Cèitean 2025



NatureScot
NàdarAlba

Scotland's Nature Agency
Buidheann Nàdair na h-Alba